

## EMMA LEITCH – ÒRAN 6

### Solais

Tha an t-òran seo mu dheidhinn Atharrachadh agus Call, a-rithist. Ach chanainns' gu bheil na faclan gu math làidir a thaobh Gaol mar chuspair, an triop-sa. Gaol a bhios co-ionnan ri Aithreachas. Tha torr fein-aithneachadh anns na faclan an-seo, agus tha mi a' sgrùdadh mo chuid fhaireachdainn fhèin gu tric (cus uaireannan!). An robh an cothrom agam air cuisean atharrachadh, agus gun do chaill mi an cothrom? Air no am b' e mi-fhìn a bu choireach, co-dhiù? 'S docha nach bidh na freagairtean riamh air barr mo theanga.

### Lights

Again this song is to do with Change and Loss. But I would say that the words lean much more towards Love as a subject, this time. Love, equal with Regret. The words have much to do with Reflection, as I think I often do a lot of that, and I often analyse things (maybe a bit too much!). Did I have the chance to change things, and I just never took the opportunity? Or was I really the one to blame, anyway? Maybe I will never have the answers.

Bha mi nam shuidhe, feitheamh air an t-sruth  
Coimhead a-mach air an uinneig, cuin a thig thu?  
Cuin a thig an comthrom dhomh, gu faigh bi beòshlaint ùr?  
Chan eil mi ach a' feitheamh, saoil am faigh mi thu?

*Chaidh na solais às, chaidh na solais às  
'S dòcha gur e mise bh' ann, gun do chuir mi gach nì cam  
Na robh cothrom agam seo a dhèanamh a-rithis  
Bhiodh mo bheatha socair, sèimh*

Nam laighe anns an oisein, carson a bha mi ann?  
Tràth anns a' mhadainn, feuch an togainn fonn  
Cha d' thàinig fonn a-steach, cha d' thàinig fois no sìth  
Cha robh mi ach a' smaointinn ort, carson a dh'fhàg thu mi?

*Chaidh na solais às... etc.*

Nam sheasamh air an starsaich, lorg air reultan gu h-àrd  
Na solais ac' a' priobadh, 's mo mhisneachd a' fàs  
Cha toir iad bhuam mo spiorad, cha toir iad bhuam mo chrìdh'  
A-nis gu bheil mi deiseil, mo chasan air an t-sligh'

*Chaidh na solais às, chaidh na solais às  
'S dòcha gur e mise bh' ann, gun do chuir mi gach nì cam  
Na robh cothrom agam seo a dhèanamh a-rithis  
Bhiodh mo bheatha socair, rèidh*